



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR
Roinn Foghlaim agus Seirbhisean Cloinne
Education and Children's Services Department

**GAELIC POLICY:
Implementation Guidelines
for Education**

Updated - July 2010

**Gaelic Policy:
Implementation Guidelines for Education**

Index

Section	Page
1.0 Context	2
2.0 Links to National Priorities	2
3.0 Pre-School	3
3.1 Promotion	3
4.0 Primary	4
4.1 Staffing	5
4.2 Gaelic in Non-Gaelic Medium Classes	6
5.0 Secondary	7
5.1 Gaidhlig and Gaelic Learners	7
5.2 Gaelic Medium: Secondary	8
6.0 Resources	9
7.0 Related Matters	10
7.1 Staff	10
7.2 School Ethos	11
7.3 Inter-agency Working	12
8.0 Language Reinforcement and Enhancement	13
9.0 Continuous Improvement	13

Abbreviations

FTE – Full Time Equivalent
ICT – Information and Communications Technology
CPD – Continuing Professional Development
SEED – Scottish Executive Education Department
GRD – Gaelic Resources Database

1.0 CONTEXT

The overall aim of the Comhairle's policy is that the Western Isles should be a fundamentally bilingual community in which Gaelic and English have equal validity as the languages of communication. In respect of education, the specific objective of the Comhairle is:

- To develop the ability of pupils and students to be confidently bilingual in order that they can fully participate in the bilingual community of which they are a part.

Within this context, the general aim for education is:

- ***The Comhairle's provision of bilingual education is a key feature in the Comhairle's Gaelic Policy. It will be the element that makes the greatest demands on the Comhairle's resources, both finance and manpower, and which makes the greatest impact. The aims of formal education are to enable children who go through Gaelic Medium Education to become equally literate and fluent in the use of Gaelic and English and to make provision for all other children to have access to Gaelic in the curriculum. The Comhairle also aims to enhance young people's awareness of the heritage and culture of their community through the formal and informal curriculum. The Comhairle should aspire to provide Gaelic Medium Education as the principal means of tuition in the first two years of primary school whilst maintaining a capacity for English Medium Education on an area basis.***

This general aim finds more specific expression in policy statements for the individual sectors of the education service. This document is designed to show how the policy statements for each of these sectors can be implemented, at Education and Children's Services Department and school level.

The overall aspiration to provide Gaelic Medium Education as the principal means of tuition in the first two years of primary school whilst maintaining a capacity for English Medium Education has been the subject of consultation in a number of areas, but did not meet with sufficient parental support to proceed with implementation except in the case of one area. Further advances will be made in the context of implementation of the Comhairle's strategy for education provision.

Guidelines are also given on related matters relevant to policy implementation, relating to:

- Staff responsibilities and opportunities
- school ethos
- inter-agency working.

The above are included as they are considered to be essential components of an overall provision which will support the language acquisition of pupils and will generate positive attitudes to Gaelic.

2.0 LINKS TO NATIONAL PRIORITIES

Implementation of the Comhairle Gaelic policy can contribute to the meeting of all five national priorities.

3.0 PRE-SCHOOL

- *The Comhairle, in partnership with the voluntary sector will promote and support provision of Gaelic pre-school education.*
- *The Comhairle will actively promote the uptake of Gaelic Medium Education to parents of pre-school children.*

➤ Gaelic in Cròileagan and Nursery Classes.

Curriculum	Delivery
<p>The Comhairle Early Years and Early Intervention Strategy is the key strategic document for the pre-school stage. At this stage, the curriculum will be in line with national advice as detailed in guidance related to Curriculum for Excellence, including outcomes and experiences at the Early Level. In Croileagan and in Gaelic nursery classes, the delivery of the curriculum will be through the medium of Gàidhlig.</p>	<p>Staff should:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Establish a Gàidhlig ethos by speaking to each other in Gàidhlig at all times • Consistently speak to the children slowly and clearly, with expression • Ensure the children hear Gàidhlig as much as possible with frequent repetition of key words and phrases required for daily routines • Encourage the children to use Gàidhlig in games, songs, drama, rhymes and stories • Create a climate where children have the confidence to use Gàidhlig language • Create a partnership with parents to enable the work of the Croileagan to be supported at home. • Liaise productively with P1 staff to ensure smooth transition.

3.1 Promotion

The Comhairle will work with parental groups and with Comunn na Gàidhlig in order to promote uptake of Gaelic Medium Education, by way of:

- A home visiting scheme
- Promotional and publicity material
- Attendance at parental meetings.
- Open events.

Promotional activities will ensure that parents are aware of the following:

- Materials are available to assist parents with supporting their children with homework tasks,
- the Comhairle assists in the provision an online parental support website through the Stòrlann Gaelic 4 parents site,
-
- Family Learning classes are provided through the Community Learning and Development service. .

4.0 PRIMARY

- Gaelic Medium Education***
The specific aim of the Comhairle is that children who go through Gaelic Medium Education will be as literate and fluent in Gaelic as in English when transferring from primary to secondary education. These children will acquire language skills in both Gaelic and English through both languages being used as a means of learning. There will be an initial immersion phase in Gaelic with the gradual introduction of English.

➤ Gaelic Medium Education: Curriculum and Delivery.

Curriculum	Delivery
<p>From P1 to P7, the curriculum will follow guidance related to Curriculum for Excellence, including outcomes and experiences at Early, First and Second levels across all curricular areas. Flexibility to provide experiences beyond Second Level for some pupils should be included where appropriate. For the first two years, the delivery of this curriculum will be wholly through Gaelic except when non-Gaelic speaking visiting teachers are involved, e.g. PE, Art</p>	<p>When pupils come to school as non-Gaelic speakers, it is important that they are given a strong incentive to learn the language. It is essential that Gaelic be the language of the classroom at all times except when English may be used for matters of health and safety.</p> <p>Across the 7 years of primary education, Gaelic is the principal language through which language skills are first developed.</p> <p>It is important that the Gaelic atmosphere created in the classroom should be reinforced as much as possible in the rest of the school.</p> <p>Integration with pupils from English medium classes is important but care should be taken that Gaelic assumes a key role in whole-school activities, for the benefit of both Gaelic and English medium pupils.</p> <p>It is important that pupils should see and hear Gaelic as much as possible in as many different contexts as possible: e.g. communicating with ancillary staff, in school announcements, on school notices, signs etc.</p> <p>Where additional support for learning is required, the authority is committed to providing the appropriate level of support in Gaelic, provided Gaelic speaking staff can be identified/recruited.</p> <p>Schools should ensure that there is productive liaison with pre-school and with the early secondary stage to ensure smooth transition.</p>

4.1 Staffing

The overall staffing provision for schools with Gaelic Medium Units will be in accordance with the national staffing formulae entitlement derived from the total number of pupils in the school.

This entitlement will be enhanced by the provision of one additional teacher to permit the use of Gaelic as the teaching medium in classes P1 and P2, if it is not possible to make this provision within the overall staffing entitlement.

The trigger for a second teacher for any grouping, whether Gaelic Medium or English Medium is 20. However, if a class group comprises five separate stages between P1-7, and has between 15-19 pupils, an additional 0.5 FTE teacher is allocated to the group.

Various groupings are possible within the overall staffing complement of the school, in accordance with the Comhairle guidelines relating to the incremental introduction of English:

P3	10%
P4	20%
P5	30%
P6	40%
P7	50%

Where groupings are not large enough for additional staffing to be allocated, schools can combine Gaelic and English Medium pupils in the upper school, in line with the above guidance, in order to facilitate the continuation of the immersion phase for younger pupils. If the teacher allocated to the combined group is a Gaelic speaker, the ethos of the classroom can be a Gaelic ethos.

Schools should ensure that parents are informed of the class organisation on an annual basis.

In cases of staff absence, the Comhairle would usually expect to be able to provide Gaelic speaking supply cover.

4.2 Gaelic in non-Gaelic Medium Classes

- Gaelic in non-Gaelic Medium classes***
In the case of children who are not in Gaelic Medium classes, it is the aim of the Comhairle to make provision throughout primary school to engage in activities that are related to Gàidhlig or Gaelic Learners curriculum.

➤ **Gaelic for Pupils not in Gaelic Medium Classes.**

Curriculum	Delivery
<p>The Curriculum for Excellence outcomes and Experiences for Gaelic Learners and for Literacy and Gaidhlig should be used to direct work with pupils not in Gaelic medium classes and to ensure that all primary pupils have some experience of Gaelic during their primary education.</p> <p>It is assumed that children who are Gaelic speakers will be enrolled in Gaelic medium classes, but if Gaelic speaking children are enrolled in English Medium Education, the school should endeavour to develop their Gaelic language skills. The Comhairle is conscious that this type of provision can not compare with Gaelic Medium Education in ensuring that children are fluent and literate in Gaelic.</p>	<p>All pupils in our schools should have an awareness of our language and culture. Non-Gaelic speaking teachers can access professional development opportunities through the “Gaelic Language in the Primary School” training programme, to learn enough Gaelic to enable them to teach basic words and phrases to their pupils.</p> <p>Support materials for this course are in all our schools.</p> <p>The most important focus for Gaelic with non-Gaelic Medium pupils should be on speaking and listening, but opportunities for reading and writing should be possible for pupils if the teacher thinks this is appropriate. Every opportunity should be taken to include Gaelic in inter-disciplinary work and in the delivery of cross-cutting themes.</p> <p>All schools should have bi-lingual signs and notices.</p> <p>Schools should ensure that there is productive liaison with pre-school and with the early secondary stage to ensure smooth transition.</p>

5.0 SECONDARY

- ***Gàidhlig and Gaelic Learners***
Gàidhlig and Gaelic learners' courses will be made available in the first 2 years of secondary education and thereafter schools should enable and encourage pupils to continue with the study of Gaelic in their ensuing years of secondary education as part of their language entitlement.

5.1 Gàidhlig and Gaelic Learners: Curriculum and Delivery

Curriculum	Delivery
<p>Pupils follow the Gàidhlig or Gaelic Learners course, having been categorised in accordance with guidance issued by the Scottish Qualifications Authority.</p> <p>The four essential language skills of listening and talking, reading and writing will be taken forward at all levels.</p> <p>At the S1-3 stage the Curriculum for Excellence outcomes and Experiences for Gaelic Learners and for Literacy and Gàidhlig should be used to direct the work with pupils.</p> <p>Final guidance for S4-6 is awaited, and until such time as that is available the guidance related to current qualifications will guide the core work of classes.</p> <p>Schools should ensure that pupils are enabled to study Gàidhlig/Gaelic learners and another European language at the stages beyond third Level of curriculum for Excellence.</p>	<p>It is important that pupils in secondary school are given a positive experience of the language, and care must be taken that the teaching contexts used provide sufficient challenge and also promote a positive image of Gaelic. Teachers can supplement formal courses by choosing from a wide range of published material, which can be supplemented with the use of media and ICT opportunities. Literature provides a rich seam to be exploited at all stages, but particularly at S3-S6 stages.</p> <p>There is now a considerable body of published materials to guide the work of pupils in both Gàidhlig and Gaelic Learners streams, both in terms of core and supplementary material. Teachers need to ensure that the pupils are enabled to experience depth and breadth in teaching programmes, and that their experiences goes well beyond what is required to meet attainment progression requirements.</p> <p>The flexibility recommended within Curriculum for Excellence may entail a reduction in timetabling allocations for core Gaelic language delivery. However schools must ensure that there is no overall reduction in the exposure pupils have to Gaelic, and must ensure that Gaelic experiences are well represented in inter-disciplinary work and in the choices offered to pupils. There are good opportunities to meet the aspiration to provide personalisation and choice with meaningful allocations to enhancement activities such as Drama, Music, Technology, Debating, Media and Enterprise. Gaelic staff should ensure that they are actively involved in planning and development of such activities.</p>

5.2 Gaelic Medium - Secondary

- ***Gaelic Medium***
The use of Gaelic as a means of instruction in secondary schools will be encouraged in a range of subjects

➤ Gaelic as a teaching medium in secondary school subjects.

Curriculum	Delivery
<p>In S1-3 the curriculum will be in accordance with Curriculum for Excellence Outcomes and Experiences for specific curriculum areas and at Third and Fourth Levels.</p> <p>At the later stages, the curriculum will be in accordance with the specifications for the relevant national courses being followed.</p>	<p>It is crucial that pupils experience Gaelic in as wide a variety of settings as possible. Schools should identify teaching groups comprising pupils categorised for Gàidhlig courses, in as wide a range of subjects as possible, and ensure that where staffing allows, pupils experience a bilingual approach in the teaching and learning situation in these subjects.</p> <p>Curriculum for Excellence affords opportunities to extend Gaelic medium work beyond the areas where dedicated staff is available and to maximise opportunities for team delivery in planned inter-disciplinary programmes and projects.</p> <p>It is considered desirable that a bilingual curriculum is available in at least two subjects.</p> <p>If numbers are too small to provide a homogenous group, schools should allocate a Gaelic speaking teacher who can use appropriate classroom management strategies to ensure that Gaelic speaking pupils experience Gaelic as part of course work and as a medium of communication in the classroom.</p> <p>Where the staffing situation allows, pupils should be allocated a Gaelic-speaking teacher for pastoral care, and for registration.</p> <p>Schools should also ensure that Gaelic has a key role in whole-school activities, as indicated for Primary school pupils.</p>

6.0 RESOURCES

- ***The Comhairle will support the production of Gaelic books and other materials by providing an annual financial allocation through local and inter-authority agreements.***

➤ Support for production of resources.

Delivery

The Comhairle recognises the need to ensure that appropriate materials are available for the teaching of Gaelic at all levels.

Through the Quality Improvement service, the Education and Children's Services Department will continue to work with resource providers in identifying needs and in ensuring that these needs are met within the budgetary allocation made in relation to specific grant and other funding.

The Comhairle will continue to work with other local authorities in the identification of priorities for the production of resources, and in the implementation of publication programmes through Stòrlann.

The Comhairle also has its own multi-media unit, which produces high quality multi-media materials, including web-based materials. Some of the resources produced by the unit have been issued nationally through Stòrlann.

The Comhairle established the Gaelic Resources Database, which provides an invaluable reference for schools. This is now hosted on Gaelic Online section of the LTS website. It can also be accessed on the Comhairle website. The work of maintaining and developing the GRD will remain with the Comhairle.

7.0 RELATED MATTERS

7.1 Staff

- **Bilingual Staff**
Staff who are bilingual should use Gaelic wherever appropriate for communication. Staff who are bilingual but not literate in Gaelic will be given the opportunity to achieve literacy in Gaelic.
- **Non-bilingual Staff**
Staff who are not bilingual will be encouraged to learn Gaelic and should be given the opportunity to do so.
- **Teachers**
The Comhairle has agreed as a long-term aim that teachers in charge of primary classes should be Gaelic speakers. Primary teachers who are not bilingual should be encouraged to learn Gaelic, and be given an opportunity to do so, in order that they are able to contribute to the full in a bilingual context.

➤ Use of Gaelic by staff.

Item	Delivery
Gaelic Language in the Primary school project	Specific funding is allocated to progress the Gaelic Language in the Primary school initiative to enable teachers to achieve sufficient fluency in Gaelic to be able to deliver Gaelic Learners' programmes in the primary school.
Other Gaelic courses and appropriate CPD.	<p>The department encourages staff to participate in courses offered at local and national level, in respect of Gaelic fluency and professional development generally to assist them in providing a first rate experience for pupils.</p> <p>Teachers can identify a need to improve Gaelic fluency as well as other professional needs as part of the Staff Development and Appraisal system, and can make application for access to funds within professional development budgets.</p> <p>Courses (including online courses) are available through Lews Castle College, Sabhal Mòr Ostaig and the Community Education Service.</p> <p>The authority will encourage teachers to participate in specific courses designed to facilitate a transfer to Gaelic Medium Education, within available finance.</p>
Staff responsibilities	<p>It is the duty of all staff to ensure that they demonstrate a positive attitude to the operation of the bilingual policy.</p> <p>Senior management of schools are expected to promote Gaelic Medium Education within their schools, in particular with new entrants, and should develop systematic programmes of liaison at the pre-school-primary and primary-secondary interfaces.</p>

7.2 School Ethos

- **Bilingual Service**
The Comhairle's objective is where possible to enable everyone who receives or uses Comhairle services, or contributes to the democratic process, to do so through the medium of Gaelic or English, according to personal choice;
- **Written Communication**
Members of the Public who write to the Comhairle in Gaelic will receive a reply in Gaelic.
All public notices published by the Comhairle will be bilingual, other than notices appearing in Gaelic language publications which will appear in Gaelic only.
- **Comhairle Offices and Buildings**
Bilingualism will be evident to members of the public entering any Comhairle Office or other Comhairle buildings and staff engaged in reception duties, either personally or by telephone, must be bilingual.

➤ Promoting a Gaelic ethos.

Item	Delivery
Oral communication	<p>Gaelic speaking staff should use Gaelic with Gaelic-speaking pupils in informal and one-to one situations, in addition to the use of the language as the means of communication in teaching settings.</p> <p>Gatherings such as assemblies should incorporate both Gaelic and English elements.</p> <p>Simple greetings and other appropriate words and phrases should be used with Gaelic learners in informal and one-to-one situations to help their language acquisition.</p>
Written Communication	<p>School stationery should be bilingual.</p> <p>School newsletters should incorporate both Gaelic and English elements.</p> <p>Notices in and around schools should be bilingual.</p> <p>Schools will be given assistance by the Education and Children's Services Department in meeting these requirements.</p>

7.3 Inter-agency Working

- ***Gaelic Organisations***
The Comhairle will continue to work in close co-operation with Gaelic organisations and will provide support for their activities, both at national and international level, to promote the Gaelic language and culture.

➤ Involvement with other agencies.

Department/agency	Scope
Comhairle departments	The Education and Children's Services Department will work with other Comhairle Departments at strategic and operational levels in the promotion and implementation of programmes and initiatives designed to contribute to the meeting of Comhairle aims and objectives in respect of Gaelic.
Scottish Government and other local authorities	The Education and Children's Services Department will work with Scottish Government and with other local authorities involved in Gaelic Education, at strategic and operational levels, in the promotion and implementation of activities to enhance the delivery of Gaelic education in schools and to address issues of teacher recruitment.
Other agencies	The Education and Children's Services Department will work with Gaelic organisations at strategic and operational levels, in matters such as the promotion of Gaelic Medium Education and initiatives to enhance the formal and informal curriculum.

8.0 LANGUAGE REINFORCEMENT AND ENHANCEMENT

Language acquisition can be considerably aided and enhanced if pupils have experience of the language in contexts outside the classroom. These include, in addition to activities in the course of the school day, as described in relevant sections above:

- Study support activities, such as Drama
- Participation in choirs
- School clubs
- Gaelic quizzes
- Gaelic Debate
- Participation in media related activity, in accordance with relevant Comhairle policies and guidelines.


Various competitions are open to pupils, and their participation in these should be encouraged. Examples include:

- Local and national mods
- Literary competitions
- Comunn Gàidhlig Lunnainn awards

9.0 CONTINUOUS IMPROVEMENT

The Comhairle has procedures in place, as part of quality improvement policy and procedures, to monitor and evaluate the quality of provision of Gaelic Education in schools, at all levels.

The Comhairle will continue to explore ways of improving provision in respect of all the aspects of the policy to ensure that the aspirations of the Comhairle Gaelic Language Plan are met.





COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR
Roinn Foghlaim agus Seirbhisean Cloinne
Education and Children's Services Department

POILEASaidh Gàidhlig:
Stiùireadh Gnìomhachaidh
Arson Foghlam

An t-luchair 2010

**POILEASaidh Gàidhlig:
STIÙREADH GNÌOMHACHAIDH AIRSON FOGHLAIM**

Clàr-amais

Section		Page
1.0	Co-Theacsa	2
2.0	Ceangal Ri Amasan Nàiseanta	2
3.0	Ro-Sgoil	3
3.1	Brosnachadh	3
4.0	Bun-sgoil	4
4.1	Luchd-Obrach	5
4.2	Gàidhlig Do Sgoilearan Nach Eil Ann An Clasaichean Meadhan Gàidhlig	6
5.0	Ard-sgoil	7
5.1	Gàidhlig agus Gàidhlig Luchd-Ionnsachaidh	7
5.2	Foghlam Tro Mheadhan Na Gàidhlig: Àrd-sgoil	8
6.0	Stòrasan	9
7.0	Gnothaichean Co-Cheangailte	10
7.1	Luchd-Obrach	10
7.2	Spiorad Sgoile	11
7.3	Obair Eadar-Bhuidhnean	12
8.0	Daingneachadh Agus Neartachadh Cànan	13
9.0	Leasachadh Leantainneach	13

Giorrachadh

ILT – Ionannachd Làn Thìde.

TFC – Teicneòlas Fiosrachaidh agus Conaltraidh

LLE – Leasachadh Leantainneach Proifeiseanta

RFOA – Roinn Foghlam Oifis na h-Alba

SSG – Stòr-dàta Stòras Gàidhlig

1.0 CO-THEACSA

'S e amas poileasaidh na Comhairle anns an fharsaingeachd gum bi Na h-Eileanan an Iar gu bunaiteach na choimhearsnachd dà-chànanach far a bheil an aon ùghdarras aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla mar mheadhanan conaltraidh. A thaobh foghlam 's e amas ainmichte na Comhairle gum bi:

- Comas sgoilearan agus oileanaich air a leasachadh gus am bi iad gu misneachail a' cleachdadh an dà chànan agus gus an gabh iad làn phàirt anns a' choimhearsnachd dà-chànanach anns a bheil iad a' còmhnaidh.

Tha rùn coitcheann airson foghlam stèidhichte air seo:

- ***Tha ullachadh na Comhairle a thaobh foghlam dà-chànanach na phrìomh earrann de phoileasaidh Gàidhlig na Comhairle. Is e seo an eileamaid as motha a chosgas don Chomhairle, an dà chuid a thaobh maoin agus luchd-obrach, agus tha dùil gur h-i a bheir a' bhuidheas as motha. 'S e amas foghlam foirmeil cothrom a thoirt do chloinn a tha a' dol tro Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith litearra agus fileanta ann an Gàidhlig agus am Beurla agus ullachadh a dhèanamh gum bi cothrom aig gach sgoilear eile air Gàidhlig sa churaicealam. Tha a' Chomhairle cuideachd ag amas air mothachadh an òigridh air dualchas agus cultur an coimhearsnachd a leudachadh tro foghlam foirmeil agus neo-foirmeil. Bu chòir don Chomhairle a bhith ag amas air Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith mar phrìomh mhodh teagaisg anns a' chiad dà bhliadhna den bhun-sgoil, le comas Foghlam Meadhan Beurla a thabhann aig ìre sgìreil.***

Tha an t-amas coitcheann seo air a chur nas mionaidiche ann an abairtean poileasaidh fa chomhair nan earrannan fa leth airson seirbheis foghlaim. Tha am pàipear seo gus sealltainn ciamar a thèid abairtean poileasaidh gach earrann a chur an gnìomh aig ìre Roinn an Fhoghlaim agus ìre sgoile.

Tha an t-amas Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig a bhith mar phrìomh mhodh teagaisg anns a' chiad dà bhliadhna den bhun-sgoil, le comas Foghlam Meadhan Beurla a thabhann aig ìre sgìreil air a bhith na chuspair conaltraidh ann an cuid de sgìrean ach cha robh taice gu leòr ann bho phàrantan airson seo a chur an gnìomh ach ann an aon àite. Bidh tuilleadh adhartais mar phàirt de bhith a' cur an gnìomh ro-innleachd na Comhairle airson ullachadh foghlam.

Tha stiùireadh ann cuideachd air gnothaichean co-cheangailte ri poileasaidh a chur an gnìomh, an lùib:

- Uallaichean agus cothroman luchd-obrach
- Spiorad sgoile
- Obair eadar-bhuidhnean.

Tha iad sin air am meas nam pàirtean do-sheachainte den ullachadh iomlan a chuidicheas sgoilearan gus an cànan a thogail agus a bhrosnaicheas beachdan thaiceil don Ghàidhlig.

2.0 CEANGAL RI AMASAN NÀISEANTA

Cuidichidh gnìomhachadh poileasaidh Gàidhlig na Comhairle ann a bhith a' coinneachadh nan còig amasan nàiseanta.

3.0 RO-SGOIL

- ***Bheir a' Chomhairle taic agus brosnachadh don roinn saor-thoileach gu bhith libhrigeadh Foghlam Gàidhlig Ro-sgoil***
- ***Brosnaichidh a' Chomhairle pàrantan gu clann a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig***

➤ Gàidhlig anns a' Chròileagan agus anns a' chlas-àraich.

Curaicealam	Libhrigeadh
<p>S e Ro-innleachd Bliadhnachan Tràth agus Gniomh-taice tràth am prìomh ro-innleachd airson ìre ro-sgoil. Aig an ìre seo, bidh an curaicealam a rèir an stiùiridh nàiseanta a tha air a mhìneachadh ann an stiùireadh airson Curaicealam airson Sàr-Mhaitheas, a' gabhail a-steach builean agus eòlas aig an Ìre - Thràth.</p> <p>Ann an Cròileagan agus an clasaichean-àraich Gàidhlig bidh an curaicealam air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.</p>	<p>Bu chòir do luchd-obrach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Blas Gàidhlig a chruthachadh le bhith bruidhinn na Gàidhlig ri chèile an còmhnaidh. • Bhith an còmhnaidh a' bruidhinn gu slaodach agus gu soilleir, le faireachdainn, ris a' chloinn. • Dèanamh cinnteach gu bheil a' chlann a' cluinntinn na ghabhas de Ghàidhlig, le ath-aithris gu tric air facail agus abhairtean cudromach airson gnothaichean làitheil. • Bhith misneachadh na cloinne gus Gàidhlig a chleachdadh ann an gèamannan, òrain, dràma, rannan agus sgeulachdan. • Àite a chruthachadh anns am bi misneachd aig a' chloinn Gàidhlig a chleachdadh. • Co-obrachadh le pàrantan gus am bi obair a' chròileagan a' faighinn taice aig an taigh. • Ceangal èifeachdach a dhèanamh le luchd-obrach P1 airson imrich furasta a bhith ann.

3.1 Brosnachadh

Obraichidh a' Chomhairle còmhla ri buidhnean phàrantan agus Comunn na Gàidhlig airson àrdachadh a thoirt mun cuairt anns an àireamh a tha a' dol gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, tro:

- Sgeama tadhal dhachaighean
- Stuthan brosnachaidh agus fiosrachaidh
- Frithealadh coinneamhan phàrantan.
- Tachartasan fosgailte.

Nì gnìomhan brosnachaidh cinnteach gu bheil fios aig pàrantan mu na leanas:

- Gu bheil stuthan ann a chuidicheas pàrantan ann a bhith a' toirt taice don chloinn le obair-dachaigh.
- Gu bheil a' chomhairle a' toirt taice do làrach-lìn taice phàrantan air-loidhne tro làrach Gaelic4parents aig Stòrlann.
- Gu bheil clasaichean Ionnsachadh Teaghlach rim faotainn tro sheirbheis Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnach.

4.0 BUN-SGOIL

- **Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig**
Is e rùn shònraichte na Comhairle a-thaobh foghlam bun-sgoile, gum bi clann a thèid gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig cho litearra agus cho fileanta ann an Gàidhlig agus am Beurla nuair a tha iad a' dol bhon bhun-sgoil chun na h-àrd-sgoile. Togaidh a' chlann sin sgilean cànan ann an Gàidhlig agus am Beurla le bhith ga chleachdadh mar mheadhan ionnsachaidh. Aig toiseach tòiseachaidh bithidh ìre bogaidh ann an Gàidhlig le Beurla ga toirt a-steach mean air mhean.

➤ Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: Curaicealam agus Libhrigeadh

Curaicealam	Libhrigeadh
<p>Bho P1-P7 leanaidh an curaicealam an stiùiridh nàiseanta a tha air a mhìneachadh ann an stiùireadh airson Curaicealam airson Sàr-Mhaitheas, a' gabhail a-steach builean agus eòlas aig an Ìre Thràth, agus a' Chiad agus an Dara Ìre, thar na raointean curaicealam uile. Bu chòir sùbailteachd a bhith ann eòlas a thoirt do sgoilearan seachad air an Dara Ìre, far a bheil sin iomchaidh.</p> <p>Anns a' chiad dà bhliadhna bidh an curaicealam air a libhrigeadh gu h-iomlan tron Ghàidhlig ach a-mhàin far a bheil luchd-teagaisg tadhail gun Ghàidhlig an sàs, m.e., P.E, Ealain.</p>	<p>Nuair a thig clann don sgoil gun Ghàidhlig, tha e cudromach gum bi iad air am misneachadh gu làidir gus Gàidhlig ionnsachadh. Tha e deatamach gur e Gàidhlig cànan a' chlas fad na h-ùine, ach mura feum Beurla a chleachdadh ann an gnothaichean slàinte agus sàbhailteachd.</p> <p>Thar na 7 bliadhna de fhoghlam bun-sgoile, 's e Gàidhlig am prìomh chànan tro am bi sgilean cànan air an toirt air adhart an toiseach.</p> <p>Tha e cudromach gum bi an àrainneachd Gàidhlig a tha anns a' chlas air a neartachadh cho mòr 's as urrainn tron chòrr den sgoil.</p> <p>Tha measgachadh le sgoilearan à clasaichean Beurla cudromach ach feumar a bhith faiceallach gu bheil àite daingeann aig a' Ghàidhlig ann an tachartasan na sgoile, chum maith sgoilearan Gàidhlig agus Beurla.</p> <p>Tha e cudromach gum bi sgoilearan a' faicinn agus a' cluinntinn na Gàidhlig cho tric 's a ghabhas agus ann an caochladh shuidhichidhean, m.e. conaltradh le luchd-taice, ann am fiosan sgoile, air sanasan sgoile, soighnichean etc.</p> <p>Nuair a tha feum air tuilleadh taice ionnsachaidh, tha rùn aig an ùghdarras an ìre taice tha iomchaidh a thoirt sa Ghàidhlig, cho fada 'sa ghabhas luchd-obrach le Gàidhlig an comharrachadh no am fasdadh.</p> <p>Bu chòir do sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil ceangal èifeachdach ann le ro-sgoil agus ìre ìosal àrd-sgoile airson imrich furasta.</p>

4.1 Luchd-obrach

Bidh an àireamh iomlan luchd-obrach airson sgoiltean le aonadan Gàidhlig a rèir airidheachd formulae nàiseanta luchd-obrach, stèidhichte air àireamh iomlan sgoilearan na sgoile.

A thuilleadh air an airidheachd, gheibhear aon tidsear a bharrachd airson cuideachadh le Gàidhlig a thoirt do chlasaichean P1 agus P2, mura gabh seo a bhith air a chur an àite air taobh a-staigh an airidheachd iomlan luchd-obrach.

'Se 20 an àireamh àbhaisteach airson dara tidsear a chur a-steach, eadar gur e clas Gàidhlig no Beurla a th'ann. Ach ma tha 5 ìrean air leth eadar P1-7 ann an clas, agus ma tha an àireamh eadar 15-19 sgoilear, gheibhear 0.5 ILT tidsear airson a' chlas.

Gabhaidh caochladh dhòighean rianachd bhuidhnean a chleachdadh leis an luchd-obrach iomlan a tha an sgoil a dleasadh, am broinn stiùireadh na Comhairle air Beurla a chleachdadh mean air mhean:

P3	10%
P4	20%
P5	30%
P6	40%
P7	50%

Mur eil buidhnean mòr gu leòr airson dleasadh tuilleadh luchd-obrach, tha cothrom ann sgoilearan Gàidhlig agus Beurla a chur còmhla ann an ceann shuas na sgoile, a rèir an stiùiridh gu h-àrd, airson cuideachadh le ìre bogaidh na sgoilearan as òige. Ma 's e tidsear le Gàidhlig a bhios aig a' bhuidhinn, bu chòir don Ghàidhlig a bhith làidir anns a' chlas.

Bu chòir do sgoiltean fiosrachadh a thoirt do phàrantan mu rianachd chlasaichean gach bliadhna.

Ma bhios tidsear far na sgoile, bhiodh a' Chomhairle an dùil tidsear seal-ùine le Gàidhlig fhaighinn.

4.2 Gàidhlig do sgoilearan nach eil ann an clasaichean Meadhan Gàidhlig

- ***Gàidhlig do sgoilearan nach eil ann an clasaichean Meadhan Gàidhlig***
Far nach eil clann a-dol tro Fhoghlam Meadhan Gàidhlig, is e amas na Comhairle ullachadh a dhèanamh aig gach ìre tron bhun-sgoil gum bi cothrom aig sgoilearan a bhith an sàs ann an tachartasan a tha co-cheangailte ri Foghlam Gàidhlig.

➤ **Gàidhlig do sgoilearan nach eil am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig**

Curaicealam	Libhrigeadh
<p>Bu chòir na builean agus an t-eòlas airson Gàidhlig luchd-ionnsachaidh agus Litearras agus Gàidhlig a bhith air an cleachdadh airson obair le sgoilearan nach eil ann am Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stiùireadh, agus airson dèanamh cinnteach gu bheil gach sgoilear a' faighionn eòlas air Gàidhlig sa bhunsgoil.</p> <p>Thatar a'meas gum bi clann aig a bheil Gàidhlig air an cur do chlasaichean Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, ach ma tha clann le Gàidhlig a-measg clasaichean Meadhan Beurla, bu chòir don sgoil oidhirp a dhèanamh gus na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart. Tha a' Chomhairle mothachail nach ionann ullachadh mar seo agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi clann fileanta agus litearra sa Ghàidhlig.</p>	<p>Bu chòir mothachadh a bhith aig gach sgoilear nar sgoiltean air ar cànan 's ar cultar. Bu chòir cothroman leasachaidh proifeiseanta tro phrògram trèanaidh "Cànan Gàidhlig sa Bhun-sgoil" a bhith aig tidsearan gun Ghàidhlig, gus an ionnsaicheadh iad gu leòr Gàidhlig airson facail agus abairtean simplidh a thoirt do sgoilearan. Tha stuthan taice airson na cùrsa seo anns na sgoiltean gu lèir.</p> <p>Bu chòir cudrom a chur air labhairt agus èisdeachd le sgoilearan gun Ghàidhlig, ach dh'fhaodadh cothroman airson leughadh agus sgrìobhadh a bhith ann do sgoilearan ma tha tidsear a' meas sin iomchaidh. Bu choir gach cothrom a ghabhail gus Gàidhlig obrachadh a-steach do dh'obair eadar-roinneil agus ann an libhrigeadh chuspairean-coitcheann.</p> <p>Bu chòir do shoighnichean agus sanasan Gàidhlig agus Beurla a bhith anns gach sgoil.</p> <p>Bu chòir do sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil ceangal èifeachdach ann le ro-sgoil agus ìosal àrd-sgoile airson imrich furasta.</p>

5.0 ÀRD-SGOIL

- **Gàidhlig agus Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh**
Bidh a' Ghàidhlig air a tabhann do fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh mar phàirt den chùrsa chumanta air a' chiad dà bhliadhna san àrd-sgoil agus an dèidh sin bu chòir do sgoiltean, sgoilearan a mhisneachadh agus a bhrosnachadh gu leantainn orra ag ionnsachadh na Gàidhlig an ceann shuas na sgoile mar phàirt de an còir air cànan.

5.1 Gàidhlig agus Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh: Curaicealam agus Lìbhrigeadh

Curaicealam	Lìbhrigeadh
<p>Bidh sgoilearan a' leantainn cùrsa Gàidhlig no cùrsa Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh, an dèidh seòrsachadh a rèir stiùiridh bho Ùghdarras Teisteanais na h-Alba.</p> <p>Bidh na ceithir sgilean riatanach cànan – èisteachd agus labhairt leughadh, agus sgrìobhadh – air an toirt air adhart aig gach ìre.</p> <p>Aig ìre As1-3 bu chòir na builean agus an t-eòlas airson Gàidhlig luchd-ionnsachaidh agus Litearras agus Gàidhlig a bhith air an cleachdadh airson obair sgoilearana stiùireadh.</p> <p>Chaneil stiùireadh deireannach airson AS 4-6 ri fhaotainn fhathast, agus mar sin cleachdar stiùireadh a rèir nan teisteanais a tha rim faotainn an-dràsta.</p> <p>Bu chòir do sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil cothrom ann do sgoilearan Gàidhlig/Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh agus cànan Eòrpach eile a' leantainn o AS3 suas.</p>	<p>Tha e cudromach gun còrd a bhith an lùib a' chanain ri sgoilearan anns an àrd-sgoil agus feumar a bhith faiceallach gum bi na meadhanan teagaisg a' tairgse gu leòr dùbhlán, agus a' toirt ionmhaigh mhath don Ghàidhlig. Faodaidh luchd-teagaisg cuir ri cùrsaichean foirmeil le bhith a' taghadh o raon farsaing de stuthan foillsichte, agus le stuthan o na meadhan agus le cothroman TFC. Tha beartas ann an litreachas a bhitheas feumail aig gach ìre, ach gu sònraichte aig ìrean AS3-6.</p> <p>Tha stòras mhath de stuthan foillsichte ann a-nis airson obair sgoilearan an dà chuid ann an sruthan Gàidhlig agus Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh, a thaobh stuthan bunaiteach agus leudachaidh. Feumaidh luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gum faigh sgoilearan cothrom eòlas fhaighinn air doimhneachd agus leud ann am prògraman-teagaisg, agus gun tèid na tha iad a' fiosrachadh gu math seachad air na tha a dhìth airson coinneachadh ri iarrtasan measadh adhartais.</p> <p>Dh'fhaodadh gun toir an sùbailteachd a tha fillte ann an Curaicealam airson Sàr-mhaitheas giorrachadh air uairean clàr-ùine mu choinneimh cànan Gàidhlig. Gidheadh, feumaidh sgoiltean dèanamh cinnteach nach bi lùghdachadh anns na tha sgoilearan a' faighinn de Ghàidhlig agus gu bheil Gàidhlig air a dheagh riochdachadh ann an obair eadar-roinneil agus anns na roghainnean a tha air an tairgse do sgoilearan. Tha deagh cothroman ann airson pearsanachadh agus taghadh le ùine chur mu choinneimh gnìomhan tarraingeach leithid Dràma, Ceòl, Teicneòlas, Deasbad, Na Meadhanan agus Iomairt. Bu chòir do luchd-teagaisg na Gàidhlig dèanamh cinnteach gu bheil iad an lùib planadh agus leasachadh gnìomhan mar sin.</p>

5.2 Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: Àrd-sgoil

- *Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
Bidh a' Ghàidhlig air a brosnachadh mar mheadhan-teagaisg anns na h-àrd sgoiltean ann an raon de chuspairean*

➤ Gàidhlig mar mheadhan-teagaisg ann an cuspairean àrd-sgoile.

Curaicealam	Libhrigeadh
<p>Aig ìre AS1-3 bidh an curaicealam a rèir an stiùiridh nàiseanta airson builean agus eòlas raointean curaicealam fa leth ann an Curaicealam airson Sàr-Mhaitheas, agus aig an Treas agus an Ceathramh Ire.</p> <p>Aig na h-ìrean an dèidh sin, bidh an curaicealam a rèir iarrtasan nan cùrsaichean nàiseanta fa leth.</p>	<p>Tha e cudromach gum bi sgoilearan a' faighinn eòlas air Gàidhlig ann an raon farsaing de shuidhichidhean. Bu chòir do sgoiltean buidhnean teagaisg a shònrachadh le sgoilearan a tha a' leantainn a' chùrsa Ghàidhlig, ann an raon cho farsaing sa ghabhas de chuspairean, far a bheil luchd-teagaisg rim faotainn, gus am bi cothrom aig sgoilearan teagaisg dà-chànanach fhaighinn anns na cuspairean sin.</p> <p>Tha Curaicealam airson Sàr-mhaitheas a' toirt chothroman obair tro mheadhan na Gàidhlig a leudachadh a-mach bho raoinnean anns an bheil luchd-obrach sonraichte fan coinneimh agus gach cothrom a ghabhail airson libhrigeadh sgioba ann am prògraman agus pròiseactan eadar-roinneil.</p> <p>Tha e air a mheas riatanach gum bi curaicealam dà-chànanach ri fhaotainn ann an co-dhiùbh dà chuspair.</p> <p>Ma tha na h-àireamhan ro bheag airson buidheann leotha fhèin a chruthachadh, bu chòir do sgoiltean tidsear le Gàidhlig a thoirt dhaibh, gus an gabh dòighean rianachd clas a chleachdadh a nì cinnteach gum bi cothrom aig na sgoilearan le Gàidhlig an cànan a chleachdadh mar phàirt de obair cùrsa agus mar mheadhan conaltraidh sa chlas.</p> <p>Far a bheil tidsearan ann, bu chòir tidsear le Gàidhlig a chur fan comhair airson cùram taiceil agus airson clàradh.</p> <p>Feumaidh sgoiltean dèanamh cinnteach gu bheil àite bunaiteach aig Gàidhlig ann an gnìomhan làn-sgoile, mar a chaidh a shònrachadh do sgoilearan bun-sgoile.</p>

6.0 STÒRASAN

- ***Leanaidh a' Chomhairle oirre le bhith a' cur taice ri foillseachadh leabhraichean Gàidhlig agus stuthan eile le bhith a' dèanamh ullachadh ionmhais gach bliadhna tro aontan ionadail agus eadar-ùghdarrais.***

➤ Taice do dheasachadh stòr-teagaisg.

Libhrigeadh

Tha a' Chomhairle a' gabhail ris gum feum stuthan freagarrach a bhith mu choinneimh teagasg na Gàidhlig aig gach ìre.

Tron t-Seirbheis Leasachadh Càileachd, leanaidh Roinn an Fhoghlaim ag obair còmhla ri luchd-deasachaidh stòr-teagaisg ann a bhith a' sònrachadh feuman agus ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun coinnichear ri na feuman sin am broinn an airgid a tha air a chomharrachadh tro tabhartas sònraichte agus ionmhas eile.

Leanaidh a' Chomhairle ag obair an co-bhonn ri ùghdarrais ionadail eile ann a bhith a' sònrachadh òrdugh cudromachd ullachadh stòr-teagaisg, agus ann a bhith a' cur an gnìomh prògraman foillseachaidh tro Stòrlann.

Tha ionad ioma-meadhan aig a' Chomhairle, far a bheilear a' dèanamh stuthan bhideo agus CD ROM fìor mhath, agus a tha ag ullachadh stuthan stèidhichte air an eadar-lìon do sgoiltean. Tha cuid de stuthan an ionaid air a bhith air an sgaoileadh gu nàiseanta tro Stòrlann. Thatar a' togail ceanglaichean nas dlùithe ri Stòrlann.

Chuir a' Chomhairle air chois Stòr-dàta Stuth-teagaisg na Gàidhlig, a tha na ghoireas fiosrachaidh feumail do sgoiltean. Tha a' Chomhairle air aontachadh le LTS gum bi dachaigh eadar-lìon an SSG air an làrach *Gàidhlig air Loidhne*. Gheibhear thuige cuideachd air làrach-lìn na Comhairle. Leanaidh a' Chomhairle a' dol a' cumail agus a' leasachadh an Stòr-dàta.

7.0 GNATHAICHEAN CO-CHEANGAILTE

7.1 Luchd-obrach

- **Luchd-obrach dà-chànanach**
Bu chòir do luchd-obrach a tha dà-chànanach a' Ghàidhlig a chleachdadh anns gach suidheachadh anns a bheil sin iomchaidh. Bu chòir luchd-obrach dà-chànanach ach nach eil litearra anns a' Ghàidhlig cothrom fhaighinn air fàs litearra sa Ghàidhlig.
- **Luchd-obrach nach eil dà-chànanach**
Bu chòir misneachd agus cothrom a thoirt do luchd-obrach nach eil dà-chànanach gus Gàidhlig ionnsachadh.
- **Luchd-teagaisg**
Tha a' Chomhairle air aontachadh mar amas 's anns an ùine fhada gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig luchd-teagaisg bhun-sgoiltean. Bu chòir luchd-teagaisg bhun-sgoiltean aig nach eil Gàidhlig a bhith air am misneachadh gus Gàidhlig ionnsachadh agus bu chòir cothrom a thoirt dhaibh seo a dhèanamh gus am bi làn chom-pàirt aca ann an suidheachadh dà-chànanach.

➤ Luchd-obrach a' cleachdadh na Gàidhlig.

Cuspair	Libhrigeadh
Pròiseact Cànan na Gàidhlig sa Bhun-sgoil	Tha airgead fa leth mu choinneimh pròiseact Cànan na Gàidhlig sa Bhun-sgoil a thoirt air adhart, gus luchd-teagaisg a chuideachadh a bhith a' ruighinn ìre fileantachd airson prògram Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh a libhrigeadh sa bhun-sgoil.
Cùrsaichean eile Gàidhlig agus LLP.	Tha an roinn a' misneachadh luchd-obrach a dhol an sàs ann an cùrsaichean ionadail agus nàiseanta, a thaobh fileantachd sa Ghàidhlig agus leasachadh proifeiseanta airson an cuideachadh ann a bhith a' toirt an oideachadh as fheàrr do sgoilearan. Faodaidh luchd-teagaisg leasachadh air fileantachd Gàidhlig a thogail mar fheum còmhla ri feuman proifeiseanta eile mar phàirt den t-siostam Leasachaidh agus Leirmheas, agus faodaidh iad iarrtas a chur a-steach thaobh cothrom air ionmhas air taobh a-staigh buidseatan leasachadh proifeiseanta. Tha cùrsaichean (air loidhne nam measg) rim faotainn tro Chonaisde Caisteal Leòdhais, Sabhal Mòr Ostaig agus Seirbheis Foghlam Coimhearsnachd. Misnichidh a' Chomhairle luchd-teagaisg gus cùrsaichean sònraichte a dhèanamh a chuidicheas le gluasad gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, a rèir ionmhais.
Dleasdanas luchd-obrach	Tha e mar dhleasdanas air luchd-obrach gu lèir dèanamh cinnteach gu bheil iad a' foillseachadh rùn bhàidheil do ghnìomhachadh poileasaidh na Gàidhlig. Thatar a' sùileachadh gum bi luchd-stiùiridh sgoiltean a' cur Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air adhart anns na sgoiltean aca, gu h-àraidh le sgoilearan as ùr, agus bu chòir dhaibh prògraman ceangal cunbhalach a chur air chois aig ìrean atharrachaidh ro-sgoil/bun-sgoil agus bun-sgoil/àrd-sgoil.

7.2 Spiorad Sgoile

- **Seirbheis Dà-chànanach**
Tha e ann an rùn na Comhairle cothrom a thoirt do gach neach a tha a' faighinn no a' cleachdadh sheirbheisean na Comhairle, no a' cur ris a' phròiseas dheamocrataigeach seo a choilionadh ann an Gàidhlig no ann am Beurla a rèir an taghaidh phearsanta.
- **Conaltradh sgrìobhte**
*Gheibh buill den phoball a sgrìobhas chun na Comhairle sa Ghàidhlig freagairt sa Ghàidhlig.
Thèid fiosan poballach na Comhairle fhoillseachadh gu dà-chànanach, ach bidh sanasan a nochdas ann an irisean Gàidhlig ann an Gàidhlig a-mhàin.*
- **Oifisean agus Toglaichean na Comhairle**
Bidh dà-chànanas follaiseach don phoball a' tighinn a-steach do dh'oifisean no do thogalach eile leis a' Chomhairle agus feumaidh luchd-obrach a tha an urra ri fàilteachas a bhith dà-chànanach agus an dà-chànan a chleachdadh gu pearsanta agus air a' fòn.

➤ A' togail spiorad Ghàidhlig.

Cuspair	Libhrigeadh
Conaltradh labhairt	<p>Bu chòir do luchd-obrach le Gàidhlig Gàidhlig a chleachdadh le sgoilearan aig a bheil Gàidhlig ann an suidhichidhean neo-fhoirmeil agus aon-gu-aon, a thuilleadh air a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig mar mheadhan conaltraidh ann an suidhichidhean teagaisg.</p> <p>Bu chòir do Ghàidhlig agus Beurla bhith ann an cruinnichidhean leithid còmhdailean. Bu choir briathran fàilte sìmplidh agus facail agus abairtean freagarrach eile a chleachdadh le luchd-ionnsachaidh ann an suidhichidhean neo-fhoirmeil agus aon-gu-aon airson an cuideachadh le togail a' chànan.</p>
Conaltradh sgrìobhte	<p>Bu chòir do pàipear litreach sgoile a bhith dà-chànanach.</p> <p>Bu chòir do Ghàidhlig agus Beurla bhith ann an litrichean naidheachd sgoile.</p> <p>Bu chòir do shanasan ann agus mun cuairt sgoiltean a bhith dà-chànanach.</p> <p>Bheir Roinn an Fhoghlaim taice do sgoiltean le na h-iarrtasan sin.</p>

7.3 Obair eadar-bhuidhnean

- **Buidhnean Gàidhlig**
Leanaidh a' Chomhairle le bhith a' co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile, a' toirt taic don obair aca, an dà chuid aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta, gu bhith a' leasachadh na Gàidhlig agus a cultair.

➤ Obair còmhla ri buidhnean eile.

Roinn/buidheann	Ire
Roinnean na Comhairle	Obraichidh Roinn an Fhoghlaim còmhla ri Roinnean eile den Chomhairle aig ìrean ro-ìnnleachdail agus gnìomhachail ann a bhith a' brosnachadh agus a' cur an gnìomh phrògraman agus iomairtean a chuireas ri amasan na Comhairle a thaobh na Gàidhlig a choinneachadh.
RFOA agus ùghdarras ionadail eile.	Obraichidh Roinn an Fhoghlaim còmhla ri Roinn Foghlam Oifis na h-Alba agus còmhla ri ùghdarras ionadail eile a tha an sàs ann am Foghlam na Gàidhlig, aig ìrean ro-ìnnleachdail agus gnìomhachail, ann a bhith a' brosnachadh agus a' cur an gnìomh gnòthaichean a chuireas ri Foghlam na Gàidhlig a libhrigeadh ann an sgoiltean agus ann a bhith a' dèiligeadh ri fasdadh luchd-teagaisg.
Buidhnean eile	Obraichidh Roinn an Fhoghlaim còmhla ri buidhnean Gàidhlig aig ìrean ro-ìnnleachdail agus gnìomhachail ann an gnòthaichean leithid adhartachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus an iomairtean a chuireas ris a' churaicealam foirmeil agus neo-foirmeil.

8.0 DAINGNEACHADH AGUS NEARTACHADH CÀNAIN

Nì e feum mhòr do thogail cànan ma tha sgoilearan a' faighinn eòlas air a' chànan ann an suidhichidhean taobh a-muigh a' chlas. A thuilleadh air tachartasan tron là sgoile, mar a tha air an ainmeachadh ann an roinnean fa leth gu h-àrd, faodar coimhead ri:

- Gnìomhan taice ionnsachaidh, leithid Dràma
- Compàirteachadh ann an còisirean
- Clubaichean sgoile
- Farpaisean ceiste Gàidhlig
- Deasbad Gàidhlig
- Compàirteachadh ann an obair co-cheangailte ri na meadhanan, a rèir poileasaidhean agus stiùiridhean na Comhairle.

Tha farpaisean freagarrach ann do sgoilearan, agus bu chòir am misneachadh pàirt a ghabhail annta, mar eisimpleir:

- Mòdan ionadail agus nàiseanta
- Farpaisean litreachais
- Duaisean Comunn Gàidhlig Lunnainn

9.0 LEASACHADH LEANTAINNEACH

Tha dòighean-obrach aig a' Chomhairle, mar phàirt de phoileasaidh agus dhòighean-obrach leasachadh càileachd, airson sgrùdadh agus measadh ìre ullachadh Foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean, aig gach ìre.

Leanaidh a' Chomhairle a' rannsachadh dhòighean air leasachadh a dhèanamh air gach raon den phoileasaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil amasan plana Gaidhlig na comhairle air an coileanadh.

